

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diciadain 19 Dàmhair 2016, 1300-1500

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan
Calum MacFhearghais Iain Stephen Moireasdan
Catriona Nic a' Phì

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

Gnothaichean gnàthach

Chuir an Cathraiche meal-a-naidheachd air Iseabail Nic an t-Sagairt, a tha air atharrachadh dreuchd fhaighinn ri linn fàgail Ceannard Phrògram na buidhne. Bha a' Chomataidh a' guidhe gach maith dhith san obair.

Chaidh taing a nochdadh do dh'Alan Esslemont a fhuair dreuchd ùr mar Cheannard TG4 agus gu Eilean Green a fhuair dreuchd ùr aig Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba.

1. Leisgeulan

Cha robh gin

2. Gnothach Dearbhte

Catriona Nic a' Phì – a-nis na ball den Lòchran. Dheigheadh clàr nan ùidhean atharrachadh ga rèir (Gnìomh: MAMI)

Jo NicDhòmhnaill – a’ sgrìobhadh sgrìobt airson a’ phrògram Tearmann. Chaidh cead a thoirt seachad airson seo leis an t-Àrd-Oifigear agus an Cathraiche cheana. Tha Jo cuideachd ag obair airson a’ BhBC air prògraman na buinn òir air prògraman a’ Mhòid.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 24/8/16

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Comas ràitheil fhaighinn le seanailean eile – bidh seo mar phàirt den fhiosrachadh air BBC ALBA airson Q2 a bhios air beulaibh Bòrd na Co-bhanntachd agus Bòrd MG ALBA san t-Samhain.

Suirbhidh air loidhne – chaidh innse gun robh suirbhidh air-loidhne beò an-dràsta a’ sireadh bheachdan agus comhairle air leasachadh sgrìobhaidh. Bhiodh an iomairt a’ dùnadh an t-seachdain a’ tòiseachadh 23/11/16.

Roghainnean libhrigidh spòrs bho 2017 – bidh seo na chuspair airson a’ Bhùir air 23/11/16 agus thèid fios a chumail ris a’ Chomataidh. (Gnìomh: DC)

Clann is Òigridh – thèid fios a chumail ris a’ Chomataidh. (Gnìomh: DC)

Airson deasbaid

5. Lèirsinn 2021 – sùil ràitheil air adhartas a dh’ionnsaigh toraidhean

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail Lèirsinn 2021.

Amas 1 & 2 - Ruirse agus ìre toileachais BBC ALBA an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus gu nàiseanta

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha àireamhan luchd-amhairc (aig Dàmhair 2016) air an t-slighe suas ach fhathast nas isle na bha iad an-uiridh. Chaidh mìneachadh gu robh àireamhan an iplayer nas fhallain na tha figearan na seanail fhèin.

Chaidh aontachadh gun iarrar coimeas le seanailean eile san RA. (Gnìomh: IMT)

Chaidh aontachadh lèirmheas a dhèanamh air a’ bhuidh air an luchd-amhairc. (Gnìomh: IMT) (Review on audience impact)

Amasan 3 -5 – Buidh air sgilean, air ùr-ghnàthachas an lùib òigridh, air eaconamaidh agus air obraichean

Bha pàipear air beulaibh a’ Chomataidh agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh innse gu robh iomairtean a’ dol gu math. Chaidh iomradh a thoirt air iomairt “Vlog a’ Mhòid” agus gu robh cùisean a’ dol gu math leis. Thèid lèirmheas a dhèanamh air an iomairt gus faicinn am b’ urrainn dhuinn an iomairt a leasachadh aig tachartasan eile tron bhliadhna. (Gnìomh: IMT)

Chaidh iomradh a thoirt air fèin-cruthachaidh stuthan ann an Gàidhlig. Bha an iomairt seo a’ dol gu math, le ceanglaichean le buidhnean leithid Comunn na Gàidhlig a’ leantainn.

Chaidh a chomharrachadh gum biodh an tuilleadh fios ri fhaighinn mun iomairt mu Faothachadh Chìsean an dèidh pròiseas ùrachaidh Cairt a’ BhBC.

Amas 6 - Sgaoileadh eadar nàiseanta

Tha obair a’ leantainn ach cha bhi fuasgladh air na nithean seo san ùine ghoirid. Thèid coimhead ri còmhradhean fhosgladh le na seanailean eile faic an gabh iad prògraman BBC ALBA.

6. Gnèithean Phrògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ cur an cèill farsaingeachd gnè phrògraman aithriseach air BBC ALBA (ach a mhàin feadhainn air a dhèanamh le macTV, air an deach bruidhinn cheana) an ceangal le ro-innleachdan coimiseanaidh is maoineachaidh, agus air ro-innleachd rèidio.

Aithriseach

Chaidh còmhradh a chumail mu na sreathan aithriseach bho chuirtean coimiseanaidh ràitheil; sreathan aithriseach bho phasgain; prògraman aithriseach bho chuirtean coimiseanaidh agus prògraman aithriseach bho phasgain. Chaidh cuideam a chuir air co-riochdachadh agus co-mhaoineachadh anns na 3 bliadhna a chaidh agus tha toraidhean na h-

obrach seo nochdte anns a' ghnè seo. Taobh a staigh bratach farsaing aithriseach gheibhear diofar ghnèithean eile air an riochdachadh leithid na h-ealain, spòrs agus ceòl.

Chaidh a chomharrachadh gu robh beàrn san t-seirbheis a thaobh gnothaichean ionadail a tha a' toirt buaidh air na coimhearsnachdan a thathas a' riochdachadh.

Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e sgilean naidheachd, a thilleadh air sgilean teicnigeach agus cànan, a leasachadh.

Rèidio

Chaidh a chomharrachadh gur docha gu robh cothrom ann feum a dhèanamh de stuthan a bhiodh air a rannsachadh agus air a chlàradh le na companaidhean neo-eisimeilich.

Chaidh aontachadh gun tèid ro-innleachd a dhealbhadh, airson Plana Obrachaidh MG ALBA airson 2017-18 a rèir nan trì prionnsabalan a leanas:

- gum bi Ro-innleachd Tàlant ann airson nam Meadhanan Gàidhlig, le aithne air àite rèidio
- gum bi rèidio air a shònrachadh mar inneal airson leasachadh sgrìobhaidh, gu seach àraid airson dràma (an cois sgeama ScreenHI) agus comadaidh
- gum bi àite rèidio soilleir an cois ro-innleachd airson luchd-ionnsachaidh, stèidhichte air toraidhean an rannsachadh air buaidh na meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh Gàidhlig.

7. Measadh air luach is èifeachd oidhirpean sanasachd

Air beulaibh a' Chomataidh, bha aithisg ràitheil air luach is èifeachd oidhirpean sanasachd a chaidh a dhèanamh às leth MG ALBA agus BBC ALBA eadar an t-luchar agus Sultain 2016. Chaidh an aithisg a chomharrachadh.

Chaidh aontachadh gun deigheadh earrann a chuir ris a' mheasadh bho seo a-mach mun bhuidhe a tha aig meadhanan sòisealta na buidhne gus dealbh iomalan fhaighinn. (Gnìomh: IMT)

8. LearnGaelic

Bha pàipear air beulaibh a' Chomataidh agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh na leanas aontachadh:

- gur e prìomh meadhan ionnsachadh na Gàidhlig a th' ann an LG
- gun tèid aonta foirmeil luchd-ùidh a shireadh a' taiceachadh sin
- gun tèid aonta a shireadh le buidheann-stiùiridh LG gum bu chòir seasamh proifeiseanta a bhith aig LG
- gun tèid coimhead air an inbhe corporra as iomchaidh airson LG
- gun tèid àite LG a shoillearachadh an cois ro-innleachd MG ALBA airson luchd-ionnsachaidh stèidhichte air toraidhean an rannsachadh air buaidh nam meadhanan Gàidhlig air ionnsachadh Gàidhlig.

Chaidh a chomharrachadh gu feumar an làrach a thoirt air adhart le na buidhnean air fad a tha an sàs san iomairt. Bha e cudromach gu robhas a' faighinn luach an airgid (return investment) às a' phròiseact gu h-àraidh ri linn 's gu bheil e taobh a-muigh dleastanas oifigeil na buidhne.

9. GISBE

Chaidh pàipear a chuirteachadh air a' Chomataidh a' mìneachadh diofar iomairtean a dh'fhaodadh a chuir an sàs gus brosnachadh daoine òga ùidh a chumail sa Ghàidhlig. Chaidh aontachadh gu robh am pàipear feumail agus gu robh cothroman na lùib. Chaidh aontachadh còmhraidhean a chumail le Bòrd na Gàidhlig gus na beachdan a leasachadh. (Gnìomh: IMT)

Chaidh na Pàipearan fiosrachaidh an comharrachadh.

10. Deit na h-ath choinneimh – 26/1/17, Steòrnabhagh

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: